

C U N N T A S B E A T H A

Ainm is Sloinneadh: Steven Ritchie
Ceann-latha breith: 27 Iuchar, 1977
Seòladh-puist: Obar Bhrothaig, DD11 5SP
Fòn: 07340 442 575 (-làimhe) Post-d: SRitchie@oide.scot

Clàr cosnaidh

Màrt 2020 chun Dàmhair 2022

Neach-comhairle an eadar-theangachaidh

[International Well Control Forum](#), Trèanadh & Leasachadh, Mon Rois, Alba

Mar phàirt de sgioba eadar-theangachaidh, bha mi a' co-òrdanachadh 's a' cumail rian air pròiseact mòr leantainneach san robhar a' tionndadh 's a' cumail suas stuthan is susbaint nan deuchainnean sàbhailteachd Ola is Gas ann an 12 gu 16 cànan eadar-dhealaichte. Bhithinn a' cumail conaltradh èifeachdach ri co-obrachaidhean, einnseanairean neo-eisimeileach le eòlas speisealtach sa ghnìomhachas agus ri luchd-compàirt.

Cèitean 2019 chun Fhaoilich 2020

Ath-dheasaiche na Beurla

Honyaku Center, Roinn an Ionmhais 's an Lagha

<https://www.honyakuctren.com/>

Bha mi ag ath-dheasachadh teacsaichean Beurla air an tionndadh bhon Iapanais a bhuineadh ri diofar chuspairean is àrainnean ann an saoghal gnìomhachas is gnothachas na h-Iapain. Mar as trice, bhithinn gan deasachadh le goireasan CAT, agus bhithinn ri obair eadar-theangachaidh a-rèir na bha ri dhèanamh aig an àm. Bha mi nam chomhairleach aig co-obrachaidhean Iapanach a thaobh gràmar no faclair eachd na Beurla.

Màrt 2019 chun Òg-mhios 2019

Eadar-theangaiche is ath-dheasaiche na Beurla

Yoshidumi Holdings

<https://www.yoshidumi.co.jp/>

12F Nihon Building, 2-6-2 Otemachi, Chiyoda-ku, Tokyo

'S e dreuchd pàirt-thìde a bha seo ag obair san oifis ann an Tokyo còmhla ris an sgioba margaidheachd mar chùl-taic don oifis ann an Singapore airson stuthan margaidheachd co-cheangailte ri seirbheisean an Neòil ath-dheasachadh agus eadar-theangachadh gu Beurla. 'S e companaidh mhòr a bha seo, ach òg is ùr-nodha nan dòighean obrach, agus iad a' toirt seirbheisean IT is Neul do luchd-dèiligidh.

Faoilleach 2018 chun Iuchar 2018

Co-òrdanaiche pròiseactan eadar-theangachaidh

B-cause Inc. 4F, 2nd Mori Building, 2-1-3 Hamamatsu-cho, Minato-ku, Tokyo

Bha mi a' co-òrdanachadh mòran phròiseactan eadar-theangachaidh Iapanais no Fraingis gu Beurla agus gan ath-dheasachadh. Bhithinn a' cumail ri cinn-ama teanna agus dh'fheumainn fios riaghailteach a chumail ris an luchd-dèilig fhad-ùineach againn, 's mi a' conaltradh ri dealbhadairean grafaigeach 's buill na sgioba eile ann an oifis bheag, bheothail far am biodh tionndaidhean gu Beurla gan iarraidh 's gnothaichean gan ruith aig astar luath.

Sultain 2016 chun Dàmhair 2017

Neach-foghlaim & Coimhearlach, Roinn Eadar-nàiseanta

Japan Learning Co., Ltd: Tokyo 〒351-0101 IAPAN

Mar phàirt de sgioba bheag, bha mi a' deasachadh 's a' libhrigeadh cùrsaichean trèanaidh tar-chultarach do chèinich air ùr-fhastadh aig companaidhean ann an sgìre Tokyo. An lùib nan cùrsaichean, bhiomaid gan ionnsachadh ann an cultar is modhan gnothachais na h-

Iapan. Bha sinn a' dealbhadh 's a' deasachadh stuthan-teagaisg, bhideothan sanasachd, a' cur Beurla air na stuthan-trèanaidh 's air bileagan sanasachd is margaidheachd.

Cèitean 2009 chun Dùbhlachd 2011

Manaidsear pròiseactan eadar-theangachaidh na Gàidhlig

Cànan Ltd, Sabhal Mòr Ostaig, an t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ

Bha mi a' stiùireadh iomadach pròiseact eadar-theangachaidh Gàidhlig le sùil àraidh air fiosrachadh is aithisgean san roinn phoblach. Bhithinn tric is minig ag ath-dheasachadh no ag eadar-theangachadh susbaint co-cheangailte ris na meadhanan bho Bheurla gu Gàidhlig, agus bha brathan-naidheachd bho MG Alba mar phàirt dhen obair agam airson greis. Bha mi an urra stuthan foillseachaidh is sanasachd airson FilmG a thionndadh gu Gàidhlig. Bhithinn a' deasachadh susbaint ùr ann an Gàidhlig co-cheangailte ris an àrainneachd is nàdair airson bileagan is soidhnichean.

Sultain 2005 chun Chèitein 2009

Neach-foghlaim na Beurla

Shane English Schools Japan, Saitama Shintoshin, Saitama City, Japan

Bha mi a' teagasg Beurla do luchd-ionnsachaidh Iapanach, bho chlann gu daoine aosta. Bha dleastanas orm airson a bhith ag ullachadh gach clas, a' measadh ìre agus adhartas, a' gleidheadh sàbhailteachd is sunnd nan sgoilearan òga, a' toirt seachad leasan probhaidh (trial lessons) agus a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh le ullachadh airson measaidhean IELTS is eile. Bhiomaid cuideachd a' cumail làithean fosgailte don chloinn is inbhich ag amannan sònraichte dhen bhliadhna agus bha uallach oirnn airson a dhol an àite luchd-teagaisg eile a bha tinn mus deach an siostam sin atharrachadh.

Òg-mhios chun t-Sultain 2005

Neach-comhairle chustamairean airson seirbheisean BT Broadband

Riverside, Dùn Dè

Sinne a bha mar chiad loidhne-cuideachaidh do luchd-dèilig BT Broadband aig an robh duilgheadasan eadar-lìn is coimpiutaireachd. Mur gabhadh a' chùis fhuasgladh aig a' chiad ìre, bhiomaid gan àrdachadh chun na sgioba teicnigich speisealtach.

Sultain 2003 chun Òg-mhios 2005

Neach-comhairle reicean Skytalk

Glaschu

Bha mi ag obair nam sales advisor a' reic seirbheisean fòna do luchd-dèilig SKY TV airson Sky Talk. Bha an dreuchd ga dhèanamh ann an ionad-fònaidh spaideal ann an taobh a tuath meadhan baile Ghlaschu faisg air oilthighean Glasgow Caledonian agus Srath Chluaidh.

Ògmhios 2003 chun t-Sultain 2003

Greis-gnìomhachais ann an oifis CnaG

Glaschu

Bha mi ag obair mar neach-taice do Sìne Nicilleathain ann an oifis CnaG ann an Glaschu. 'S fhada bhon uair sin, ach bhithinn ga cuideachadh le obair rianachd agus ann an grunn phròiseactan san robh CnaG a' toirt maoinachadh don luchd-dèiligidh.

Iuchar 2000 chun Iuchair 2002

Cuidiche do luchd-teagaisg na Beurla (ALT)

JET Programme, Isoshima Senior High School (air atharrachadh gu Hirakata Nagisa), Osaka, Iapan

Sultain 1997 chun Chèitein 1998

Cuidiche do luchd-teagaisg na Beurla

Lycée Aristide Bergès, Seyssinet, Grenoble, an Fhraing

Òg-mhios 1996 chun t-Sultain 1996

Rianadair maoin-bhathar (Inventory Controller)

National Grocers, Mississauga, Canada

Aig taigh-bathair National Grocer's gu deas air Toronto, bha mi ag obair còmhla ri fear eile aig inventory control far an robh sinn a' dèiligeadh ri bathar-bìdh millte. Airson seo a dhèanamh, bhiomaid a' cur a-steach fiosrachadh mun bhathar a chaidh a mhilleadh don choimpiutair agus a' cleachdadh inneal-chreataichean airson a thogail 's a chàradh air na sgeilpichean.

Òg-mhios chun t-Sultain 1995

Neach-obrach a' chidsin

McDonald's

Reform St, Dùn Dè

Bha mi ag obair sa chidsin a' deasachadh bracaistean is diathadan meadhan-latha no feasgair is oidhche, a-rèir nan sioftaichean agam. Bhithinn ag obair aig diofar stèiseanan sa chidsin, leithid na grilichean bhurgair, stèisean nam French Fries is eile.

Foghlam agus trèanadh:

Modail eadar-theangachaidh Gàidhlig

Sabhal Mòr Ostaig (UHI), Alba

Sultain 2009 chun Òg-mhios 2010

CELTA

Teisteanas Cambridge airson teagasg Beurla do luchd-labhairt chànain chèn

Oilthigh Dhùn Dè, Alba

Sultain 2012 chun Òg-mhios 2013

BA le urram Eòlas na Fraingis agus Iapanais

Oilthigh Shruighlea, Alba

Sultain 1995 chun Òg-mhios 2000

Fiosrachadh a bharrachd:

Eòlach air goireasan eadar-theangachaidh CAT leithid MemoQ, Memsource, Trados, msaa.
Eòlach air goireasan fo-thiotalaidd mar eadar-theangair neo-eisimeileach leithid Subtitle Edit, Aegisub - chleachd mi iad seo airson filmichean, dràma, anime, agallamhan spòrs is agallamhan le luchd-gnothaich a thionndadh gu Beurla bhon Iapanais
Microsoft Office agus Sharepoint, Adobe Acrobat, Siostaman stòr-dàta àraidh agus bathar-bog an Neòil eile.

Obair Ghàidhlig air mo cheann fhèin

2010 – 2014, Johnston Press – Dùn Èideann

4 bliadhna a' sgrìobhadh gearr-chunntas seachdaineil air na prìomh naidheachdan
Sgrìobh mi artaigilean/altan-naidheachd airson duilleag Gàidhlig The Scotsman, a bh' air a
deasachadh le Raghnall MacilleDhuibh

Gheibhear cuid dhiubh an seo fo m' ainm-pinn (Steaphan MacRisnidh):

<https://www.pressreader.com/uk/the-scotsman/20130615/282518656061596>

- Deasaiche agus sgrìobhadair aig www.danamag.org (2014 – 2019)
- Co-bhuannaiche Duais nan Sgrìobhadairean Ùra aig Urras Leabhraichean na h-Alba (2014)
- Sgeulachdan goirid foillsichte (ficsean) (2009, 2014, 2020)
2009 – An t-Òlach Ait (Cruinneachadh: An Claigeann aig Damien Hirst is Sgeulachdan eile)
2014 – “An Seun” agus “Dòmhnall na Dachaigh”, Scottish Books Trust New Writers publication
2020 – A' Phoit Chrèadha (Steall 06, Foillsichear: Clàr)
- 5 bliadhna a' sgrìobhadh naidheachdan “Boinne am Beul na Gaoithe” (The Scotsman) (2010–2014) gach seachdain
- Sgrìobhadh artaigilean Beurla do làrach-lìn aig buidheann trusadh luchd-obrach san Iapan WorkinJapantoday

Ùghdar de “An t-Òlach Ait” anns a' chruinneachadh “An Claigeann aig Damien Hirst”, 2009

<https://www.amazon.co.uk/Claigeann-Damien-Hirst-Agus-Sgeulachdan/dp/1900901463>

Duaisean:

- Buannaiche aon de Dhuais nan Sgrìobhadairean Ùra aig Urras Leabhraichean na h-Alba 2014 airson sgeulachd goirid

Eadar-theangair:

[Gaelic Gold: A Learner's Dictionary/Phrasebook \(Translator/Proofreader\)](http://GaelicGold:ALearnersDictionary/Phrasebook(Translator/Proofreader))

<https://lexusforlanguages.co.uk/lexus-for-languages/lexusbooks/gaelic-learners/>

Mar eadar-theangair neo-eisimeileach

Prìomh raointean eadar-theangachaidh

2012 – stuthan foghlaim/trèanaidh, bathair-bhog

Bho 2013 a-mach

- briathrachas, gnàthsan-cainnte & faclaireachd (obair air leabhar abairtean & beag-fhaclairean)
- litreachas, ficsean agus sgeulachdan cloinne
- fiosrachadh làraichean-lìn (nam measg: eachdraidh, rothaireachd, fiosrachadh coitcheann, ealain)
- foghlam
- aithisgean bliadhna, ro-innleachdail agus ionmhasail
- aithisgean eile aig buidhnean poblach
- seirbheisean air-loidhne & loidhnichean-taice fòna
- ionadaladh bathair-bhuig
- mapaichean & leabhran-iùil do dh'ionadan-turais, taighean-tasgaidh, gailearaidhean
- teirmichean & cumhaichean laghail
Teagasg na Gàidhlig ('s na Beurla)

Neach-oide neo-eisimeileach na Gàidhlig

2010 gu an-dràsta:

- Air-loidhne, tro www.italki.com (còrr is 900 leasan air an toirt do dh'oileanaich air feadh an t-saoghail, ìrean tòiseachaidh gu adhartach)

2014 gu 2019:

- Air-loidhne 's air astar às leth [Atlantic Gaelic Academy](http://AtlanticGaelicAcademy.com) (ìrean tòiseachaidh gu eadar-mheadhanach àrd)

2012 gu 2016:

- Teagasg Gàidhlig sa chlasrum, aig [Tayside Language Centre](http://TaysideLanguageCentre.com) (ìrean tòiseachaidh gu eadar-mheadhanach)

2014 gu 2016, 2020

- Teagasg Gàidhlig às leth Oilthigh Dhùn Dè, [Languages for All](http://LanguagesforAll.com) (ìrean tòiseachaidh is bunaiteach)

Foghlam:

HND Gàidhlig & Conaltradh

Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (UHI), Alba, An Rìoghachd Aonaichte
An t-Sultain 2002 gu An t-Ògmhios 2003

BA le urram Fraingis & Iapanais

Oilthigh Shruighlea, Alba, An Rìoghachd Aonaichte
An t-Sultain 1995 gu An t-Ògmhios 2000